

Cruthaich an sgiath agad fhèin!

Bheiribh sùil thar làraichean-eachdraidheil air feadh Alba agus chithear sgiathan sgeadaichte air na h-uinneagan dathte agus anns na clachan aca.

Tha cruth sgiath daonnan ri fhaicinn air **gearradh-arm**. Is e cruth a tha a' riochdachadh cuideigin cumhachdail. 'S e 'coat of arms' a tha iad a' cur air gearradh-arm sa Bheurla. Bha seo air sgàth gun robh **Ridirean** a' cur **sgeadachadh** sònraichte air broilleach a' chòta aca, gus am b' urrainn do dhaoine a' faicinn cò iad.



Aig Caisteal Chreag
Millear chithear
fìon-fhàsgaire agus
tunn air sgiath
Clann Bail' an
t-Sagairt

Tha Sgiath Raibeart
Bruce suas air
uinneag dathte air
Talla Mòr Caisteal
Dhùn Èideann



Chithear gearradh-arm
seo shuas air a bhalla
aig Abaid Dryburgh. 'S
ann le Iain Stiùbhairt a
tha e



Key
words


Gearradh-arm – Coat of arms
Ridirean – Knights
Sgeadachadh – decoration

Cruthaich an sgiath agad fhèin!

1. Dealbhaich sgiath air pìos mòr pàipear, no taobh a-staigh bogsa bracaist. (No, is urrainn dhuibh teamploid a' chlà-bhuaileadh air an ath dhuilleag.) Geàrr a-mach e.




2. Cur sgeadachadh air an sgiath agad le samhla, dathan is beathaichean. Dè na seòrsa cruthan a tha còrdadh riutsa?



3. Thoir a-mach caird no pàipear is lùb na h-oirean suas.



4. Cur tèip air, is stic air druim an sgiath e, leig beàrn airson do ghàirdean



Bhiodh e fiadhaich math nam b' urrainn dhuibh co-roinn a dhèanamh air a' sgiath agaibh air loidhne aig **#LearningWithHES**

